




Digitized by the Internet Archive
in 2013

THE RIGHTEOUSNESS OF GOD.

FIREANTACHD DHÉ.



THE RIGHTEOUSNESS OF GOD.

FIREANTACHD DHÉ.

AIR A TIONAL O

MHINEACHADH

AIR AN

LITIR A CHUM NAN ROMANACH. — H /

LE

RAIBEART HALDANE, ~~ESQUIRE.~~ C!

EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIG.

EDINBURGH:

W. INNES, BOOKSELLER, 31 HANOVER STREET;
AND THE SCOTTISH TRACT SOCIETY.

1849.



FIREANTACHD DHÉ.

ROMANAICH iii. 21.—“ Ach a nis tha fireantachd ^{o#} Dhé, air a foillseachadh as fughmhais an lagha a' faot- ^{e/} ainn fianuis & n lagh agus o na fàidhibh.” [#]

THA am focal ris an abrar “Fireantachd,” anns an rann so, agus anns an t-seachdamh rann deug d'n ^{a/a/o/} cheud Chaibdil d' na Ròmanaich, a' ciallachadh ceart- ^{i/c/o/h/} ais agus fireantachd; 's ' sin ^{e/r'a#} ràdh co-chòrdadh ris an lagh. Ach, ged tha an dà fhocal so a' ciallachadh ^{i/} co-chòrdaidh, tha mòr eadar-dhealachadh ~~catarra~~ ^{o/} Is ^{l/} ceartas géilleadh do 'n lagh ann an cur an gnìomh ^{e/} ~~blinn~~ ^{el na}. Is ^{e/} fireantachd géilleadh do 'n lagh le ùmhlachd a thoirt d' a reachdaibh; is ^{agus} 's brìgh an fhocail ^{e/} “fireantachd” 's an rann so. Fumar a' cheart aire ^{a/e/} ^{a#} thoirt do dhà sheadh an fhocail so, nach cuirear aon ^{i/} diubh an àit an aoin eile, no nach measgaichear cuid- ^{u/i/} eachd lad, mar ~~clàr a' deanaidh~~ gumini; chum ^{i/} gu'n làn-thuigear a' chùis mu'm beil an t-Abstol a' ^{#/} reusnachadh anso. ^{e/}

Ann an iomadh earrainn d'n Sgrìobtur, tha “Fireantachd Dhé,” a' ciallachadh, an dar a cuid, naomhachd ^{o/} agus treibhdhìre ^{e/} a' nàduir a bhuineas mar bhuidh ^{i/c/} do Dhia, no ceartas compàirteach sin leis am beil ^{i/} cumail suas ùghdarras a lagha; ach far am beil ^{i/} labhairt mu shlàint' an duine, gun ^{e/} bhi 'n a buaidh ^{e/} phearsanta an sin do Dhia féin a' mhàin, tha am focal ^{e/} a' ciallachadh, mar chaidh a mhìneachadh anns an ^{i/}

A' eadar an dà fhocal 'n uair ghalhar ~~gach~~ aon diubh leis féin. A.² nàthear / A.³ féin,

carrainn a ta romhainn an so, an fhìreantachd sin a ta
 freagarrach d' a cheartas agus a rinn Dia a shònraichadh
 agus ullachadh air son slàinte ~~na~~ peacach. Tha so
 a' ciallachadh gu'm beil ceartas neo-chrìochnach
 nàduir ag iarraidh na chaidh ullachadh, agus mar an-
 eudna gu'n do ghabhadh ris an ullachadh; oir mas
 fireantachd Dhé, a ta inn, f'umar a h-iarraidh, agus
 f'umar gabhail rithe a' réir ceartas Dé. Tha fireantachd
 Dhé, a gheibhear tre chreidimh, a' ciallachadh n' àraid
 air am beil ~~na~~ còir agus seilbh do'n chreid-
 mheach. Air an aobhar sin, cha n'è buaidh dhiadhaidh
 ceartais, a ta an so, ach an obair dhiadhaidh a dh'-
 oibhrich Dia tre 'Mhac. Uime sin, ~~tha~~ am mìneachadh
 so, a' foillsachadh brìgh an fhocail anns an àite so,
 a' labhairt ~~na~~ cha n'ann mu bhuaidh
 dhiadhaidh, ach mu obair dhiadhaidh. Cha ruig
 sinne gu-siorruidh air a' cheud bhuaidh dhiubh sin.
 Tha so mata, 'dol calg-dhìreach an aghaidh a bhi,
 'mìneachadh an fhocail "fireantachd," mar gu'm
 bitheadh è 'ciallachadh dòigh fìrinneachaidh Dhé.
 Cuirear fireantachd Dhé an-aghaidh, no mu choinn-
 eamh fireantachd an duine; b'è 'm fireantachd féin a
 bha Israel ag iarraidh 'chur air chois, eadhon fireant-
 achd an oibrean fein, cha n'è dòigh am fìrinneachaidh,
 ach féumaidh fireantachd Dhé, air an làimh éile, (Rom.
 x. 3,) a bhi 'n a fireantachd a ta air a h-oibreachadh
 a-mach le Iehòbhah. Mar chithear anns 2 Cor. v. 21,
 tha meas peacaidh do Chrìosd air a chur mu choinneamh
 sinne 'dheanamh 'nar fireantachd Dhé ànn-san, cha
 n'èil è comasach do 'n'chùis mu-dheireadh a bhi 'n a
 dòigh fìrinneachaidh, ach féumaidh i nochdadh gu'm
 beilear 'g ar deanamh-ne làn-fhìrinneach, tre shealb-
 achadh fireantachd Chrìosd, a dh'ullaicheadh le Dia
 air ar son, agus a ta làn-fhreagarrach ri ceartas Dé.

1. air an t-àit / 1.2. Foillsichidh / 1.3. "Fireantachd,"
 1.4. gu'm beil e / 1.5. do'n diadhachd,
 1.6. na diadhachd.

Cha fhreagair mìneachadh air-bith eile do na brìathraibh “fìreantachd Dhé,” agus do ’n àit anns am beil am focal “fìreantachd” ri ’fhaotainn an-so, ach am mìneachadh sin a dh’-fhoillsicheas gur è is brìgh do’n fhocal, fìreantachd no ùmhlachd do lagh Dhia, araon ’n a pheanas agus ’n a agartasaibh, a thugadh dhà le Iosa Crìosd ar Tighearna. Is è so do-rìreadh fìreantachd Dhé a-chionn gu’n d’ullaicheadh i le Dia agus gu’m beil i, o ’toiseach gu ’crìch, air a h-oibrachadh a-mach le ’Mhac Iosa Chrìosd neach is è an Dia cumhachdach agus Athair na Sìorruidheachd. Tha gach mìneachadh eile nach ’eil a’ còrdadh ris an t-soilleireachadh so, buailteach do bhi ’dorchadh nan Sgriobturán, a’ dalladh solus na fìrinn ann an cloinn Dé, agus a’ truailleadh na sìmplidheachd sin a ta ann an Crìosd.

Is ànn a dh’-ionnsuidh na fìreantachd so is còir sùil a’ chreidmhidh a threòrachadh an-còmhnuidh; is ànn air an fhìreantachd so, a dh’-fhéumas è socrachadh; is ànn air an fhìreantachd so a dh’-fhéumas è beathachadh; is ànn air an fhìreantachd so, a dh’-fhéumas è bàsachadh; is ànn ’san fhìreantachd so a fhéumas è è-féin a nochdadh an làthair cathair breitheanais; anns an fhìreantachd so féumaidh è seasamh gu-sìorruidh an làthair an Dia fhirinnich. “Nì mì gairdeachas gu mòr anns an Tighearn, bithidh m’ anam aoibhneach ann am Dhia, oir chuir è orm éideadh na slàinte, chòmhduich è mì le trusgan na fìreantachd,” Isa. lxi. 10.

Tha fìreantachd Dhé, a chaidh ullachadh chum slàinte nam peacach, coltach ris an t-slàinte sin-féin, ag eadar-dhealachadh gu-ro-àraid o gach fìreantachd eile ’bha riamh ànn, no ’s urrainnear ’fhaotainn a-mach, tha i eadar-dhealaichte gu-h-iomlan o fhìreantachd dhaoine agus ainglean ’n a h-UGHDAIB, oir cha-n è

fìreantachd chréutairean a ta ìnnte, ach fìreantachd a' Chruitheir, "*Is mis' an Tighearn a chruthaich ì,*" Isa. xlv. 8. Is fìreantachd sàr-ionlan ì, oibrichte 'mach le Iehòbhah féin, a ta, ann an slàint' an duine 'gleidheadh uile bhuidhean Dé gun smal. Is ì so fìreantachd Dhé agus na Trionaid gun eadar-dhealachadh a thaobh urraim no pearsa seach a cheile, agus mar sin dìreach anns a' cheart seadh 's an è an saoghal obair Dhé. Chruthaich an t-Athair an fhìreantachd so tre 'n Mhac air a' cheart doigh air an do chruthaich è an saoghal tre'n Mhac; agus ma chomhlion an t-Athair an fhìreantachd so do-bhrìgh gu'n do choimhlion a Mhac ì, an-lorg sin féumaidh am Mac a bhi co-ionann ris an Athair féin. Tha Peadar 'na Dhara litir (Caib. i.); a-reir suidheachadh litireil na h-earrainn ag ràdh fìreantachd Iosa Crìosd ris an fhìreantachd so, "*Simon Peadar séirbhiseach agus Abstol Iosa Crìosd dhòibh-san a fhuair an creidimh luachmhor céudna ruinne, ann am fìreantachd ar Dé agus ar Slànuighir Iosa Crìosd.*" Tha 'mhor chuid de na h-earrannan anns am beilear ag ainmeachadh fìreantachd Dhé, a' labhairt uimpe mar fhìreantachd an Athar, mar anns, 2 Cor. v. 21, far am beilear a' comharrachadh a-mach an Athar o'n Mhac, ach anns an earrainn so bho Pheadar, thàtar a' labhairt uimpe mar fhìreantachd a' Mhic, far am beilear gu-soilleir a' gairm Dia dheth. B' ana-cainnt fìor neo-sheasmhach, a ràdh gu'm urrainnear obair a' chruthachaidh a chur an gnìomh le créutair sam-bith, oir féumaidh è bhi, gur è Dia an Tì a thog na h-uile nithe. Uime sin, cha b' urrainnear fìreantachd Dhé a mheas do Iosa Crìosd mur b' esan 's an toiseach "*Dia maille ri Dia,*" agus "*os-ceann nan uile, Dia beannaichte gu-sòrruidh.*"

Is ànn am feadh a bha è anns an fheòil a dh'-oibrich

Mac Dhé an fhìreantachd so 'mach. Mu'n d' thainig è do'n t-saoghal, cha robh è 'n a bhàll, no 'n a òchdaran de rìoghachd neimh, b' è féin a ceann. Ghluais è, an-sin ann an cruth Dhe, 's è sin ri ràdh mar Chruithear agus mar Uachdaran an t-saoghail, ach an-déigh sin ann an cruth seirbhisich. Roimh an àm sin bha è gu-h-iomlan naomh, ach cha b'urrainnear ùmhlachd ghairm de 'n naomhachd sin. Is è bu fhreagarraich' a ràdh gu'n robh an lagh air a cho-chumadh ris-san na gu'n robh esan air a cho-chumadh ris an lagh. Bha naomhachd-san ag oibreachadh ann an deanamh an lagha, agus leis an lagh bha è 'riaghladh an t-saoghail. Ach 'n a staid dheireannaich, is ànn leis an lagh sin a bha e-féin air a riaghladh. Air an aobhar sin, b'ì 'fhìreantachd-san no 'ùmhlachd-san, fireantachd neach, fada nan cian bu ghlòrmhoire a b' urrainnear a chur fo chis an lagha. Is ì so fireantachd Emanueil, Dia maille ruinne, agus chuir ùmhlachd so Mhic Dhé ann ar nàdur-ne, na's mò dh-onoir air an lagh, na ùmhlachd nan uile chréutairean réusanta. Thug è do gach àithn de 'n lagh, agus do gach dleasan a ta è 'g àithneadh na 's mò dh-onoir, na fhuair è de dh-easonoir o uile luchd-brisidh an lagh', a bha riamh air an t-saoghal. 'Nuair a bheir muinntear eile ùmhlachd do 'n lagh, gheibh iad o'n ùmhlachd sin onoir dhòibh-fein, ach a-thaobh an aobhair so mu'm beilear a' labhairt a-nis, b' è 'n lagh air an do chuireadh onoir le ùmhlachd 'Uachdarain. Tha an Tighearn, deir am fàidh, làn toilichte air sgàth 'fhìreantachd féin, àrdaichidh è an lagh, agus cuiridh è urram air, Isa. xlii. 21.

Dh'-àrdaich ùmhlachd Iosa Criosd an lagh, do-bhrìgh gu'n d' rinneadh è le suidheachadh Dhé'. Bha è air a thaghadh le Dia agus air ùngadh a chum na crìche so. B' esan Iehòbhah a chuir Iehòbhah uaithe. "Feuch tha mise a' teachd agus gabhaidh mì còmhnuidh ann

ad' mheadhon, deir Iehòbhadh,—agus bithidh fios agad gu 'n do chuir Iehòbhah nan sluagh mis' chugad, Sech. ii. 10, 11. Agus an uair a bheirear fainear gur è Mac Dhé 'theachd anns an fheòil agus a chòmhnuidh anns an t-saoghal, a' chuid a's iongantaidhe de obair Dhé, a's urrainnear a smuaineachadh, agus gu'n d' rinn-eadh na h-iongantasan so chum an lagh àrdachadh, chitèar gu fìor shoilleir, nach urrainnear beachd tuilleadh 'us àrd a ghabhail air a' mheas a ta Dia 'cur air nàdur a lagha naoimh. 'N a h-ùghdair mata, tha 'n fhìreantachd so, thar gach tomhas air leth ag eadar-dhealachadh o gach uil' fhìreantachd eile. Agus cha n-è mhàin gu'm beil i 'g eadar-dhealachadh 'n a h-UGHDAIR, tha i mar-an-céudna, ag eadar-dhealachadh 'n a NADUR, 'n a FARSUINNEACHD, 'n a MAIREANNACHD, agus 'n a CUMHACHD, o gach uil' fhìreantachd eile a chaidh riamh chur an gnìomh no 's urrainnear a chur an gnìomh gu-sìorruidh.

'Na NADUR, tha 'n fhìreantachd so dà-fhillte a' coimhlionadh araon reachd agus peanais an lagha, tha so gu-h-ìomlan eùcomasach do 'n chréutair a's fìor àird' a dheanamh. Is è an lagh a choimhlionadh 'n a reachdaibh, a-mhain na b' urrainnear agairt air créutairean 'n am prìomh staid neo-thruaillidh. B' è so staid nan aingeal uile agus a' cheud duine. Ach cha b' i so idir staid an Dara Duine, an Tighearna o neamh 'nuair a thainig è 'stigh do 'n t-saoghal; bha mòr eadar-dhealachadh staide an so. Bha Crìosd air a dheanamh fo 'n lagh, ach bu LAGH BRIST' è, agus an-lòrg sin, bha è air a dheanamh fo mhallachd an lagha, cha n-è mhàin gu'm beilear a' ciallachadh so 'nuair a theirear gu'n do "ghineadh è o mhnaoi" a bha ciontach, ach thàtar mar-an-céudna ag innseadh gu-soilleir gu 'n robh è air a dheanamh 'n a mhallachd air ar sonne, Gal. iii. 13.

Air an aobhar sin, tha ceartas ag agairt gu 'n coimh-lionadh è, cha n-è mhàin reachd an lagh', ach mar-an-céudna peanas an lagha—gach nì a ta è 'bagairt, cho maith ris gach nì a ta è ag àithneadh.

Faodaidh créutair a-mhain, ùmhlachd a thabhairt do reachd an lagha, no am peanas a tha è 'bagairt 'fhulang, ach cha n-urrainn è an dà chuid a dheanamh. Ma's ciontach è faodar a pheanasachadh le sgrios shìor-ruidh o làthair an Tighearna; agus air do Dhia d'am buin an dioghaltas fo 'm beil e' fulang, a bhi 'n a fhuath 'us 'n a ghràinealachd dhà, an sin cha n-fhaighear àite air-bith do aithreachas, do ghràdh no do ùmhlachd an neach sin. Ach bha Iosa Criosd, 's an aon mhionaid, comasach air fulang fo làimh Dhé, agus air ùmhlachd a thoirt do 'n àithn a ta ag iarraidh Dia 'ghràdhachadh. Rinneadh so aithnichte rè na h-ùine gu-léir, a bha è anns an fheòil, agus mar-an-céudna, leis na briathraibh ainmeil a labhair é air a' Chrann-chéusaidh, "Mo Dhia, mo Dhia, c'arson a thréig thu mì?" Thàtar a' teagasg dhuinn an-so gu'n robh fàidheadaireachd an Fhàidh, "Dùisg, O chladheamh, an-aghaidh an duine tha 'n a chòmpanach dhomh," air a' mhionaid sin a' faotuin a coimh-lionadh. Bha claidheamh ceartas Dé a-réir fòill-seachadh an fhàidh a ta ainmichte anns an dara Sailm thar fhichead, aig an àm sin a' dol tre thaobh a-stigh 'anama, gidheadh labhair è fathast ri Dia mar a Dhia-san. Bho so, tha è soilleir am feadh bha è 'fulang fo làn thruimead corruich an Athar an-aghaidh peacadh a shluaigh, a ghabh è air fein, gu 'n robh a' h-uile mothachadh, ar-aon gràdh agus muinighinn a ta ainmichte 's an t-Sailm chéudna, a' làn-oibreachadh air mhionaid sin. Uime sin, b'i 'fhìreantachd-san, no 'umhlachd-san do 'n lagh, ùmhlachd ann an dà sheadh, nach b' urrainnear a

nochdadh air feadh an domhain uile, ach leis fein a-mhàin.

Tre fhulangas Iosa Criosd choimhionadh an lagh gu-h-iomlan, ach cha n-urrainnear so a ràdh a-thaobh peanais air-bith a b'urrainn créutairean 'fhulang. Chaidh an lagh a làn-rìarachadh 'nuair a chaidh gach bagair bh' àn a chur an gnìomh. Cha n-urrainn iad-san a thugadh thairis do pheanas sìorruidh gu-bràth a ràdh mar thubairt ar Tighearn beannaichte air a' Chrànn-chéusaidh "Tha è crìochnaichte." Is è-féin a-mhàin a b' urrainn *peacadh chur air falbh* le ìobradh féin. Le giùlan a' pheanais a bhàtar a' bagairt, lan-rìaraich è ceartas. Mar dhearbhadh gu'n d' fhuair è litir-shaoraidh cho-lionta, dh'-éirich è suas ó'n uaigh; agus an uair a dh'-fhòillsichear è an dara uair, bithidh è as éugmhais peacaidh, bithidh am peacadh a ghabh è air féin maille ris gach buil a tha 'leantuinn a' pheacaidh sin, gu-sìorruidh air am fuadach air-falbh.

Is crìoch coimhionadh an lagha 'n a pheanas, le Mac Dhia, air nach urrainnear ruigheachd air dòigh air-bith eile, ach le peanas chréutairean a-mhàin tre 'n t-sìorruidheachd. Is olc neo-chrìochnach peacachadh an aghaidh Dhia, agus toiltinneach air peanas neo-chrìochnach nach urrainnear a ghiùlan ri ùin chrìochnaichte 'sam-bith leòsan nach 'eil comasach air peanas 'fhulang ann an tomhas neo-chrìochnach. Ach tha fulangas an Tì neo-chrìochnaich, cho maith ri 'ùmhachd ann an tìm, co-ionann ri ùmlachd agus fulangas sìorruidh na muinntir a ta crìochnach.

Tha na *Socinianaich* ag àicheadh an teagaisg a ta cumail a-mach gur olc neo-chrìochnach am peacadh, agus toiltinneach air peanas neo-chrìochnach, Is e their iadsan, ma tha gach peacadh a nì sìnn toiltinneach air bàs sìorruidh, is è sin ri ràdh peanas sìorruidh, agus

o'n thàtar a' cur an gnìomh le daoineibh gu inbhe bhig, àireamh neo-chrìochnach de pheacaidhean, uime sin gu'm féumar a ràdh, gu'm beil iad gu inbhe bhig toilltinneach air àireamh neo-chrìochnach de pheanasuibh, agus an-lòrg sin nach urrainnear dìoladh a thoirt air an son, ach le àireamh neo-chrìochnach de dh-éiricibh taitneach. Is è ar freagairt do so, gu'm beil luach neo-chrìochnach bàs an Fhir-shaoraidh a' co-chothromachadh àireimh neo-chrìochnaich de pheanasuibh, no 'seasamh air-son àireimh neo-chrìochnaich dhiùbh, oir is è brìgh neo-chrìochnachd, nach 'eil céuman ìnnte, cha ghabh ì gnothach ri beag 'us mòr, cha n-urrainear a tomhas, cha n-urrainear a meudachadh no 'lughdachadh, mar so cha n-'eil ann an deich mìle neo-chrìochnachd, ach a-mhàin aon neo-chrìochnachd. Agus ged dh'-fhuilingeadh Iosa Criod bàs cho liuthad uair ri àireamh nàim muinntear shaoirte, cha bhiodh an riarachadh no 'n dìoladh a thug è na's mò no na's colionta na bha è leis an aon bhàs a dh'-fhuiling è.

Tha bàs Mac Dhia ag àrdachadh an lagha, le toirt dearbhaidh air cinntean a' pheanais sìorruidh a ta an lagh, ma bhrisear è, a' bagairt mar pheanas air-son sin. Cha n-'eil crìoch no ceann air sìorruidheachd, ach an uair a ghiùlain Mac Dhia na bha ionann ri peanas sìorruidh na muinntir sin a pheacaich, thug è dearbhadh soilleir air peanas sìorruidh a' pheacaidh. Ach mur deanteadh nì air-bith thairis air fulang peanas an lagha, cha bhiodh daoine, ach a-mhàin, air am fuasgladh o'n pheanas a bhuineas do'n pheacadh. Ma bha iad gu duais na h-ùmhlachd 'fhaotainn, dh'-fhéumteadh ùmhlachd a thoirt mar-an-céudna do reachd an lagha, agus chaidh so a dheanamh gus a' chéum a's faide mach, le Iosa Criod. Chuireadh leis-san, anns gach mìle seadh, làn onoir air gach àithn a ta an lagh ag

àithneadh, agus air gach toirmeasg a ta ànn. Anns an dòigh so agus le 'fhulangas choimhlion è gach uil' fhìreantachd. Air an aobhar sin, tha fìreantachd ar Dé-ne agus ar Slànuigheir Iosa Criosd, anabarrach glòrmhor. Is ì so fìreantachd fear-tabhairt-an-lagha; agus air dh'ì bhi 'n a buaidh dà-fhillte, tha ì ag eadar-dhealachadh gu h-iomlan 'n a NADUR, o gach fìreantachd eile, tha ì de dh-inbhe—fada nan cian, na's àirde na chaidh riamh a riochdachadh no 's urrainnear a nochdadh le inbhe sam-bith; no le inbhean chréutairean réusanta gu-léir. Tha 'n fhìreantachd so mar-ancéudna, ag eadar-dhealachadh o gach fìreantachd eile 'n a FARSUINNEACHD, tha è mar fhiachan air gach créutair air a shon féin a h-uil' ùmhlachd a ta 'n a chomas, a thoirt d' a Chruithear. Is còir dhà Dia a ghràdhachadh le 'uile chridhe, le 'uil' anam, agus le 'uile neart, agus na's faide na so, chia n-urrainn è 'dhol. Tha è soilleir, uime sin, nach urrainn a bheag air bith de dh-fhìreantachd a bhi aige, ri sheachnadh gu 'cur mar thoillteanas ri cùntas neach eile. Agus a thuilleadh air so, ma pheacaich è, féumaidh e-féin am peanas a bhuineas d' a eas-ùmhlachd *uile*, 'fhulang air a shon féin; an-lòrg sin, cha n-urrainnear a bheag air-bith dheth, a ghiùlan leis chum riarachachadh a thoirt airson easaontais muinntir eile. Cha n-'eil beatha aige fo chomas féin ri 'leagadh sìos air an son; agus ged leagadh è sìos a bheatha, a bhiodh ì mar sin càillte gu-sìorruidh, cha b'urrainn è 'gabhail a-rìst. Ach a ta ùmhlachd Iosa Criosd, an Tì a ta, è-féin neo-chrìochnach, cho math ris a' pheanas a dh' fhuiling è, araon annta féin, de luach neo-chrìochnach, comasach air a bhith air an compàirteachadh ri muinntir eile, is è sin, air an toirt seachad 'n an éifeachd, gun lughdachadh air-bith 'n an luach fa-leth. Bu leis féin a bheatha

agus o'n dh', fhuing e gu-toileach dh'-fhaodteadh 'ùmhachd agus 'fhulangas, anns am beil toilltinneas neo-chrìochnach, a mheas fo làn cheartas dhòibh-san de 'n ghabh e nàdur ac' air féin. Tha 'n fhìreantachd so mar-an-céudna dealaichte o gach fireantachd eile 'n a MAIREANNACHD. Cha b'urrainn fireantachd Adaimh no ainglean a bhi féumail ach a-mhàin am feadh a bhàtar 'g a cur an gnìomh. Bha iadsan ceangailte fo agartas an lagha rè gach mìonaid de 'm bith. Air an aobhar sin, anns a' mhionaid sin air an do chiontaich iad, chàill iad gach sochair a bhuineadh do gach ùmhachd a thug iad roimhe sin. Ach fìreantachd Dhé, a thugadh a-stigh le Mac Dhia, is fìreantachd *shìorruidh* ì, Dan. ix. 24. Choimhlionadh ì an taobh a-stigh do thim chrìochnaichte, ach 'n a h-éifeachd cha n-urrainn ì crìochnachadh gu-bràth. “Togaibh bhur sùilean suas ris na neamhaibh, agus amhaircibh air an talamh shìos, oir sgaoilear o chéile na neamha mar dheataich, agus fàsaidh an talamh sean mar thrusgan, agus bàsaichidh a luchd-àiteachaidh air an amhladh chéudna; ach mairidh mo shlàinte-sa *gu-sìorruidh*, cha d'-théid m' fhìreantachd air chùl—ach mairidh m' fhìreantachd-sa *gu-sìorruidh*,” Isa. li. 6, 8. “Is fireantachd shìorruidh d' fhìreantachd-sa,” *Salm* cxix. 142. “Oir le aon ìobairt rinn e chaoidh foirfe iadsan a ta air an naomhachadh” Eabh. x. 14. Le 'fhuil féin chaidh e 'steach aon uair do 'n ionad naomh, air dha saorsa shìorruidh 'fhaotainn Eabh. ix. 12. “Thaobh a maireannachd mata, tha an fhìreantachd so a' ruigheachd air a h-ais, gu àm tuiteam an duine, agus a' sìneadh air a h-aghaidh tre linnibh neo-chrìochnach na sìorruidheachd. Tha CUMHACHD uachdaranachd na fireantachd so, mar-an-céudna, air a shoilleireachadh gu-glòrmhor. Is ì an fhìreantachd so a-mhàin, stéigh

agus bónn réite nam peacach ri Dia agus am firinneachaidh 'n a làthair, agus fòs eadar-ghuidh' air an son, fa chomhair a rìgh-chathrach." Ma pheacaicheas neach air-bith, tha Fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am fìrean ;" 1 Eoin. ii. 1. Is ì so an luach a chaidh a phàidheadh air-son nan neamhan nuadh, agus na talmhuinn nuaidh anns am beil fìreantachd a' gabhail còmhnuidh ; air-son na rìoghachd sin a chaidh ullachadh air an son-san a ta air an éideadh le fìreantachd,—rìoghachd a ta freagarrach do mhòrachd an Tì sin leis an deachaidh a h-ullachadh. Bu Phàras *talamhaidh*, am Pàras anns an do chuireadh Adhamh an-déigh a chruthachadh. Bha è buailteach do thruailleadh, bha è buailteach do shalachadh, agus bha e buailteach do *sheargadh ás*, agus a-réir sin, thachair so uile dhà. Ach is Pàras neo-thruaillidh, neo-shalach agus nach searg ás, air a choimhead anns na neamhaibh, am Pàras sin a ta an-lòrg fìreantachd Dhé, air 'ullachadh, agus fo dhòchas ris, tre aiseirigh Iosa Criosd o na mairbh, tha a phobull air an ath-ghineamhuinn. Is ì an fhìreantachd so, mata, an éiric trid am beilear a' saoradh dhaoine bho dhol sìos gu sloc an léir-sgriosa shìorruidh, agus is ì prìs na glòire neamhaidh agus sìorruidh. Is ì so an lìon-éudach grinn, glan, agus dealrach, anns an sgeadaichear a' bhean nuadh phòsda eadhon bean an uain, "oir is è 'n lìon-eudach grinn fìreantachd nan naomh." Rinneadh an duine na's ìlse na na h-ainglean ach àrdaichidh an fhìreantachd so è os an ceann. Tha pobull saoirte Dhia 'n an seasamh dlù ris an rìgh-chathair, am feadh a tha na h-ainglean a' seasamh "timchioll orra." Théid iad a-stigh do neamh còmhdaichte le fìreantachd, fada nan cian, a's feàrr na fìreantachd ainglean no anns deachaidh Adhamh a chruthachadh.

Is fhada bho bhi ceart am beachd a chithear cuid ag altrum, a' smuaineachadh gu 'm beil an càll a rinneadh leis an tuiteam, air 'ìocadh a-mhàin le na gheibhear tre 'n t-saorsa a ta ann an Iosa Criosd, nuair a ta sàr phailteas na buanachd do-labhairt agus gun tomhas. An-lòrg eas-ùmhachd a' cheud Adhaimh chàill è-féin agus a shliochd uile 'n a dhéigh, an fhìreantachd leis an robh è air-tùs air a sgeadachadh, agus chaidh am peacadh a rinn esan a chur as leth a shliochd. Le ùmhachd an Dara Adhaimh, cha n-è mhàin gu'm beil ciont' a' cheud pheacaidh air a thoirt air-falbh, ach a ta fòs maitheanas air a choisneadh air-son uile chiontan pearsantail cloinn' Dé; am feadh a ta'n fhìreantachd àrd-òirdheire a dh'-oibrich an Dara Adhamh air a cur ri 'n cùnntas-san. Le teachd a steach a' pheacaidh agus a' bhàis, chailleadh còir air an òighreachd thalamhaidh. Ach le toirt a-steach na fìreantachd sìorruidh, tha an còir air glòir sìorruidh ann an neamh, air a deanamh cìnnteach dhòibh. *Agus cha n-ànn mar tre aon duin' a pheacaich, mar sin a tha 'n thabhartas; oir bha am breitheanas tre aon chionta, chum dìtidh; ach a ta 'n saor-thabhartas omhòran chiontaibh chum fìrinneachaidh. Oir ma 's è as tre chionta aon duine, gu 'n do rìoghaich am bàs tre aon, is mò gu mòr na sin a rìoghaicheas iadsan, a gheibh pailteas gràis, agus tabhartais na fìreantachd ann am beatha tre aon, eadhon Iosa Criosd. Rom. v. 16, 17.*

Dh'-fhaodteadh dearbhadh air fìrinn a' chreidimh Chriosduidh a stéidheachadh air an aon phùng so,—
 FIREANTACHD DHE, ullaichte chum slainte nam peacach. Cia mar b' urrainn a leithid so de smuain, eadhon fìreantachd ionadail shìorruidh freagarrach do uil' agartasaibh an LAGHA BHRISTE, ìnntrigeadh a-stigh do dh-inntinn duine no ainglean? Na 'm b' è agus gu

'm b' urrainn aon de na créutairibh a's àirde tuigse smuaineachadh air, agus na 'n rachadh a' cheist a chur ri armailtibh neimh gu-léir 'n an seasamh mu thimchioll Rìgh-chathrach Dhé," air a làimh dheis agus air a làimh chlith." Co a dh'-oibriceas a-mach an fhìreantachd so, ciod am freagair a b' urrainnear a thoirt? Ciod an seòl a b' urrainnear a ghabhail le aon diùbh, no leis an iomlan diùbh, chum so a dheanamh? Dh'-fhéumadh iad uile seasamh 'n an tosd an làthair an Cruitheir.

Mur b' urrainn aon neach air neamh no air an talamh, no fo 'n talamh an leabhar leis na seachd séulachan 'fhosgladh, no sealltainn air, nì a bha 'n a chùis bhròin do 'n deisciobul ionmhuinn; mar sin mata, cha b' urrainn aon, eadhon duine no aingeal, no na h-ainglean taghte gu-léir, an fhìreantachd sin oibreachadh a-mach, a bha iomchuidh chum am peacach fhìrinneachadh. Is è Leòmhan tréubh Iudah—an t-Uan ann am meadhon na Rìgh-chathrach 'n a aonar a b' urrainn an leabhar 'fhosgladh, agus a shéulachan 'fhuasgladh, is esan 'n a aonar a b' urrainn fìreantachd shìorruidh a thoirt a-stigh," agus a thaobh a' ghnìomha so, faodar gu-cinnteach a ràdh, nach faca sùil, nach cuala cluas, agus nì mò thainig è do chridhe duine, smuaineachadh air, gus an d'-fhoillsich Dia è le 'Spiorad féin.

AS EUGMHAS LAGHA. Tha an fhìreantachd so o Dhia a-mhàin agus cha n-'eil ì, air chor sam-bith, a bheag no 'mhòr 'an eisimeil ùmhlachd air-bith o 'n duine do 'n lagh. Do-bhrìgh gur ì fìreantachd Dhé, an coimhlionadh iomlan a ta 'n lagh 'g ìarraidh, tha è soilleir nach urrainnear fìreantachd no ùmhlachd air-bith a chur rithe, no 'mheasgachadh maille rithe. 'Thubhairt Iosa Crìosd air a' Chrann-chéusaidh, "tha è

crìochnaichte,” is è sin ri ràdh, tha è air a làn choimh-
 lionadh no tha è gu-léir iomlan. Is è 'n IOMLANACHD
 so—coimhionadh so an lagha—an crìochnachadh òir-
 dheirc so 'fhoillseachadh—rùn àraid an Abstoil anns an
 litir chum nan *Eabhrach*, Caib. vi. 1. Agus is è
 Criosd, a thàtar ag ràdh, Rom. x. 4, crìoch no coimh-
 lionadh an lagha, chum fìreantachd, do gach neach a
 chreideas.

Anns gach aon de na h-earrannaibh sin tha am focal
 ris an abrar “iomlanachd” no “crìoch” ann an ceud
 chàinnt an Sgrìobtuir de 'n aon seadh ris an fhocal
 “crìochnaichte,” a chaidh ràdh air a' Chrann-chéusaidh.
 Agus theirear mu'n mhuinntear a chithear a' dol mu-
 n-cuairt a dhaingneachadh am fìreantachd féin, agus
 nach do striochd do fhìreantachd Dhé, gu'm beil iad
 aineolach air fìreantachd Dhié. Tha “as éugmhais
 lagha,” mata, a' ciallachadh cha n-e easbhaidh ùmhlachd
 iomlain do 'n lagh, ach easbhaidh ùmhlachd sam-bith
 o 'n duine do 'n lagh. Cha n-'eil còir air-bith aig an
 ùmhlachd a's urrainn an creidmheach a thoirt do 'n
 lagh, 'n a fhìrinneachadh, ni mò b'urrainn an ùmhlachd
 so an creidmheach fhìrinneachadh, do-bhrìgh gu'm bheil
 ì, an còmhnuidh, neo-iomlan. Dh'-innis an t-Abstol
 anns an rànn roimhe so, nach b' urrainnear duine sam-
 bith fhìrinneachadh le 'ùmhlachd féin do 'n lagh ; tha
 e 'daingneachadh na fìrinn céudna anns an ochdamh
 rànn thar fhichead de 'n Chaibdeil so, agus anns a'
 chòigeamh rànn de 'n 4-mh Caibdeil, air dòigh cho
 soilleir, agus nach gabh teagamh air bith cur anns a' chùis
 a ta è 'ciallachadh. Anns a' cheart seadh so, tha è fòills-
 eachadh, Gal. iii. 21, “Na'm biodh lagh air a thabhairt
 a bhiodh comasach air beatha thoirt uaithe, gu-deimhin
 is ann o 'n lagh a bhiodh fìreantachd.” Agus a-rìst
 tha è 'g ràdh, Gal. ii. 21. Ma tha fìreantachd tre 'n

lagh, is ann gun aobhar a fhuair Crìosd bas !” Cha ghnòthach fèumail an so, a dhol a dheasboireachd mar tha mòran a’ deanamh, mu thimchioll cìod è an lagh a ta ’n Abstol a’ ciallachadh, co-dhiubh is è lagh nam modhanna, no lagh nan deas-ghnàth a ta ’n a bheachd. Is ann air lagh Dhé tha è ’labhairt, biodh è sgrìobhte no neo-sgrìobhte ; cìod-air-bìdh a ta daingnichte le ùghdarras Dhé, biodh è modhail no deas-ghnàthach, nithe a chaidh uile choimhlionadh le fireantachd Dhé ; Mat. iii. 15, agus v. 18.

Tha nis fireantachd Dhé air a foillseachadh, is è sin ri ràdh air a faotainn a-mach no air a deanamh làn shoilleir. Cha d’ fhuaradh ach taisbeanadh dorch, fad às air an an fhìreantachd so fo sgàilean an lagha : fhuaradh sealladh na’s soilleire dhì ann an leabraichibh nam Fàidhean ach a-nis a ta ì air a foillseachadh ’n a coimhlionadh. Chaidh a taisbeanadh ann am beatha ’us ann am bàs Iosa Crìosd agus le ’aiseirigh o’n na mairbh, rinneadh a làn-fhoillseachadh le Dia. Rinn esan a b’è Dia aithnichte anns an fheòil, a h-oibreachadh a-mach am-feadh a bha è air an talamh. Choimhlion è gach uil’ fhìreantachd, cha deachaidh aon phùng de’n lagh ’n a reachdaibh no ’n a bhagraidhean, seachad oirre, ach choimhlionadh na h-uile nithe ; agus bha ’n Spiorad Naomh air dhà teachd, gu dearbh-shoilleireachd a thoirt do ’n t-saoghal mu’n fhìreantachd so ; Eoin xvi. 8.

Tha an fhìreantachd so *foillsichte* ann an tèagasg nan Abstol. A thuilleadh air a h-ainmeachadh cho minig anns an Litir chum nan Ròmanach, chithear ì gu-tric air a h-aithris agus air a comharrachadh a-mach ann an Litrichibh eile nan Abstol. Ris na h-Abstoil dh’-earbadh ministrealachd an t-Soisgeil comharraichte mar mhinistrealachd na *fireantachd*. Is ànn tre ’n t-Soisgeul, agus cha ’n ànn tre ’n lagh a thainig *fireantachd*, Gal. ii. 21. Anns an Litir chum nam

Philipianach, tha Pòl ag ràdh rithe “ *an fhìreantachd a ta o Dhia tre chreidimh*” agus ’g a coimeasachadh ri ’fhìreantachd fein a ta o ’n lagh, Phil. iii. 9. Sgrìobh Peadar a Dhara Litir a dh-ionnsuidh nam muinntear a fhuair creidimh luachmhor ann am *fireantachd ar Dé agus ar Slànuigheir Iosa Criosd*, 2 Peadar i. 1. A dh-aon fhocal mata, maille ri labhairt gu-soilleir uimpe fo ’n ainm fìreantachd, an iomad àite, b’ e ùmhlachd agus fùlangas an Tighearn Iosa Criosd eadhon gu bàs am bunachar àraid air am beil sgrìobhaidhean agus searmonachadh nan Abstol air an stéidheachadh, neach a ta iad a’ foillseachadh, mar “ chrìoch an lagha chum fìreantachd do gach aon a chreideas;” agus aig an àm chèudna, tha iad ’a rùsgadh ’s a’ feuchainn mearachd nam muinntear a ta ’dol mu-n-cuairt a chur air chois, am fìreantachd féin agus nach do strìochd iad-féin do *fhìreantachd Dhé*.

FAOTAINN FIANUIS O’N LAGH—ANNS A’ CHEUD CHUID de ’n rànn so tha na briathran “ as éugmhais lagha,” far nach ’eil am pùngar air a chur roi ’n fhocal “ lagh,” anns a’ Gréugais* a’ ciallachadh an-sin lagh gu-neophungaichte, is è sin ri ràdh ciod air-bith a thugadh le Dia do’n duine mar lagh dhà, agus ciod air-bith dòigh air an d’ thugadh dhà è le Dia; ach anns an earrainn so de ’n rànn far am beil am pùngar air a chur roi ’n fhocal “ lagh,” tha ’m focal lagh a’ ciallachadh coig Leabhraichean Mhaois, mar-so thàtar ’g an eadar-dhealachadh o leabhraichibh nam Fàidhean a-réir an òrduigh ghnàthaichte anns am faighear Sgrìobtur an t-Seann Tìomnaidh, agus mar thàtar ’g an ainmeachadh le ar Tighearn fein ann an Lùcas xxiv. 44: Thugadh fianuis dhorch air an fhìreantachd so anns a’ cheud ghealladh mu bhruthadh ceann na nathrach. Chaidh

* Ceud chàinnt an Tìomnaidh Nuaidh.

a h-ainmeachadh gu-soilleir anns an fhoillseachadh a rinneadh do dh-Abraham mu 'n dòigh air am bitheadh è air 'fhìrinneachadh, far am beilear ag ìnnseadh dhùinn gu'n do chreid è anns an Tighearn agus mheas E sin dhà mar ionracas nè mar-fhìreantachd; Gen. xv. 6. Mar-an-céudna anns a' chùmhnannt a rinn Dia ris fo shàmhladh an tiomchioll-ghearraidh a thugadh dhà mar shéula no urras air an fhìreantachd a ta tre chreidimh; agus a-rìst, an uair a chaidh ghealltuinn gu 'n robh beannachadh Abraham, is è sin an fhìreantachd so gu teachd air uile theaghlaichibh na talmhuinn, Gen. xii. 3. Bha 'n fhìreantachd so 'g a foillseachadh ann an Sgrìobhaidhean Mhaois anns gach iomradh mu mhaithneas peacaidh, agus anns gach gairm a chum aithreachais. Buinidh gach aithris air tròcair a chith-ear ann an lagh Mhaois do 'n t-Soisgeil. Tha iad uile stéidhichte air a' Mhesiah agus air *fhìreantachd-san* agus air an toirt an-lòrg rùin Dé, a Mhac a chur, ann an coimhlionadh na h-aimsir, a dh-ionnsuidh an t-saoghail agus an-lòrg a' cheud gheallaidh mu shìol na mna.

Bhàtar a' toirt fìnanuis air fìreantachd Dhé, cha n-è mhàin, anns gach uile ghairm a chum aithreachais, anns gach aithris air trocair, ach mar-an-céudna, le uile riaghladh an lagha do 'm b'è Maois an t-Eadar-mheadhonair. Chaidh Abraham a roghnachadh agus a shliochd a chruinneachadh mar shluagh air leth, agus chaidh dùthaich a chomharrachadh a-mach mar àite còmhnuidh dhòibh, chum gu 'n togadh Dia suas á meadhon sliochd Abraham, a-reir a gheallaidh, fàidh coltach ri Maois, gu bhi 'n a fhear-tabhairt-lagha, agus 'n a Eadar-mheadhonair, ris-san, air pilleadh dhòibh air-falbh o Mhaois, bha am pobull gu éisdeachd cho luath agus a thigeadh è, Deut. viii. 15, 19. Thugadh

lagh a' chumhnaint shìorruidh do 'n t-sluagh so, agus an-déigh a bhriseadh leò-san, chaidh 'ath-nuadhachadh a-rìst, agus a thasgadh gu-solaimte ann an àirc na fìanuis, a dhearbhadh gu' m bu chòir a ghleidheadh gu-léir iomlan, agus gu'n rachadh a choimhlonadh aig an àm iomchuidh leis an Tì air an robh an àirc 'n a sàmhladh. Air an àm sin, chaidh an Tighearn seachad fa chomhair Mhaois, ag ràdh " an Tighearn, an Tighearn Dia iochdmhor agus gràsmhor, fad fhulangach agus pailt ann an caoimhneas agus 'am firinn, a' gleidheadh tròcair do mhìtibh, a' maitheadh aingidheachd, agus eusaontais, agus peacaidh." Agus a chum gu'n deanteadh so freagarrach ri naomhadh agus ceartas Dè, thàtar a' cur an céill anns an earrainn a leanas— gu'm faigh am peacair maitheanas; ach nach téid am peacadh às gun pheanas. An-déigh briseadh ceud chlàir an lagha, rinneadh soilleir o'n ghnìomh sin, nach b' urrainn an duine, bhi air 'fhìrinneachadh tre chumail an lagha. Mar-so chaidh dearbhadh a chur air ùmhlachd an duine do 'n lagh sin a chaidh fhoillseachadh le guth Dhé, agus a sgrìobhadh le 'mheur, ach dh'-fhàillinnich a' chùis. Ach ann an ath-nuadhachadh nan clàr maille ri foillseachadh air tròcair Dhé le 'n tasgadh gu-solaimt' anns an àirc, comhdachte le caithir-na-tròcair, thugadh foillseachadh air coimhlonadh an lagha sin, *a chaidh bhriseadh* no ann am brìathaibh eile gu'n rachadh fìreantachd freagarrach ri uil' agartasaibh an lagha, nì nach b' urrainn duine 'thoirt, 'ullachadh le Dia féin. Agus chaidh an gnìomh solaimte so, agus an coimhlonadh rùnaichte 'bha air fhilleadh àn, 'fhoillseachadh leis an fhàidheadaireachd anns an dà fhicheadamh Sailm mu 'n Tì a bha air 'orduchadh chum an fhìreantachd so a thoirt a-stigh, mar tha è-féin a' roimh-innseadh a theachd a

dheanamh toil Athar, ag ràdh, “is è mo thlachd do thoil a dheanamh a Dhé; tha do lagh an taobh a-stigh de m' chridhe.” Rinn mì sgéul air d' fhìreantachd-sa anns a' choimhthional mhòr: feuch cha do choisg mì mo bhilean a Thighearn, is aithne dhuit, cha d' fholuich mì d' fhìreantachd ann am meadhon mo chridhe.”

Tha na h-ìobairtean a thugadh suas leis na h-Aithrichibh, an t-iomlan de lagh nan deas-ghnàth, agus gach riaghailt 'us òrdugh fo 'n lagh, ged nach 'eil iad sin ach 'n am faileus air a' chùis, gu-direach a' toirt fianuis mu fhìreantachd Dhé, air an robh Noah araon 'n a óighre agus 'n a shearmonaiche, 2 Peadar, ii. 5; Eabh. xi. 7.

Thugadh *fianuis air fìreantachd Dhé leis na Fàidhean*. Agus de 'n teistesaibh-san gabhar na fìrinnean a leanas às na Salmaibh. “Saor mì o chionta fola, a Dhé, a Dhé mo shlainte; àrd-mholaidh mo theanga d' fhìreantachd,” Salm li. 14. “Aithrisidh mo bhéul d' fhìreantachd agus air feadh an làtha do slainte: Ged nach aithne dhomh an àireamh. Théid mì air m' aghaidh ann an neart an Tighearna Dé; nì mì sgéul air d' fhìreantachd, d' fhìreantachd féin a-mhain. Agus a ta d' fhìreantachd-sa, a Dhé ro àrd labhraidh mar an-céudna mo theangadh air d' fhìreantachd, air feadh an là;” Salm lxxi. 15, 16, 19, 24. “Tha tròcair agus fìrinn air còmhachadh a cheile, tha ceartas agus sìth air pògadh a cheile. Fàsaidh fìrinn a-nìos às an talamh, agus seallaidh fìreantachd o na neamhaibh. Imichidh fìreantachd roimhe, agus stiùraidh è sinn ann an slighe a chéumanna; Salm lxxxv. 10, 11, 13. “Ann ad' ainm-se nì iad gàirdeachas air feadh an là; agus ann ad' fhìreantachd àrdaichear iad;” Salm lxxxix. 16. “Is fìreantachd shìorruidh d' fhìreantachd-sa:” Salm cxix. 142. Cuiridh iad an céill gu-pailt cuimhne do

mhaitheis mhòir agus àrd-mholaidh iad d' *fhìreantachd*, Salm cxlv. 7. Is ì *fìreantachd* a' Mhesiah mar tha ì ceangailte ri slàinte, bunachar daingean nam Fàidhean gu h-àraidh, Isaiah. “Tha an Tighearn làn toilichte air sgàth *'fhìreantachd* féin, àrdaichidh è an lagh agus cuiridh è urram air,” Isa. xlii. 21. “Silibh O neamhan o'n àird, agus frasadh na neòil a-nuas *fìreantachd*, fosgladh an talamh agus gineadh iad slàinte agus fàsadh *fìreantachd* a-nìos maraon, is mis' an Tighearn a chruthaich è,” xlv. 8. Bha na neamhan gus an *fhìreantachd* so a shileadh, agus bha na spéuran gu 'dòrtadh a-nuas, am feadh bhiodh cridheachan dhaoine neo-thorach mar an talamh gun uisge, gu bhi air am fosgladh, gu gabhail rithe tre chreidimh, gun a bheag sam-bith aca ri dheanamh, a chosnadh na gibhte. “Gu cinnteach, deir neach anns an Tighearn, tha agam *fìreantachd* agus neart:—Anns an Tighearn fìrinnichear uile shliochd Israeil, agus nì iad uail;” Isa. xlv. 24, 25. “Bheir mis' am fagus *m' fhìreantachd*-sa, cha bhi ì fad às, agus cha dean mo shlàinte moille; agus bheir mì slàinte ann an Sion do Israel mo ghlòir:” Isa. xlvi. 13. Tha *m' fhìreantachd* am fagus, tha mo shlàinte air dol a-mach, mairidh mo shlàinte-sa gus sìorruidh, agus cha téid *m' fhìreantachd* air chùl. Eisdibh rium sibhse ta eòlach air *fìreantachd*; Isa. li. 5, 6, 7. “Le eòlas air-san nì *m' òglach fìreanach* mòran fhìrinneachadh; Isa. liii. 11. “Is ì so oighreachd sheirbhiseach an Tighearna agus tha am *fìreantachd* uam-sa, deir an Tighearn;” Isa. liv. 17. Mar-so deir an Tighearn coimheadaibh breitheanas, agus deanaibh ceartas, oir tha mo shlàinte dlùth chum teachd agus *m' fhìreantachd* chum a bhi air a foillseachadh, Isa. lvi. 1. Oir mar chuireas an talamh a-mach a chinneas agus mar bheir an lios air an t-sìol fàs a

nìos; mar sin bheir an Tighearn Iehòbhah air *fìreantachd* agus moladh fàs suas an làthair nan uile chinneach,” Isa. lxi. 11. “ Air sgàth Shion cha bhi mì am’ thosd, air sgàth Ierusalem cha ghabh mì fois, gus am bris a fìreantachd a-mach mar sholus dealrach agus a slàinte mar léus lasarach. Agus chì na cinnich d’ *fhìreantachd* agus na h-uile rìghrean do ghlòir;” Isa. lxii. 1, 2. Feuch tha na làithain a’ teachd, deir an Tighearn, anns an tog mise suas do Dhaibhidh *meanglan fìreanach* agus rìoghaichidh Rìgh agus soirbhichidh leis, cuiridh è an gnìomh breitheanas agus ceartas air an talamh. ’N a làithibh-san teàrnar Iùdah agus gabhaidh Israel còmhnuidh ann an teàruinteachd; agus is è so ainm a ghoirear ris, IEOBHAH AR FIREANTACHD, Ier. xxiii. 5, 6. “ Tha deich agus trì fichead seachduin air an òrduchadh air do shluagh agus air a’ chaithir naoimh, a chrìochnachadh éu-ceirt, agus a chur crìch air lochdan agus a dheanamh réite air-son angidheachd, agus a thoirt a-steach *fìreantachd shòrruidh*, Dan. ix. 24. “ Is mithich Iehòbhah ìarraidh, gus an tig è agus am fras è oirbh *fìreantachd*, Hosea x. 12. Do Bhalàam a chunnaic an Slànuighear fada uaithe, dh’-fhòillsicheadh ’è mar *réul* agus ’n a theachd na’s faisge chunnacas è le Malachi am fear mu-dheireadh de na Fàidhean, mar a’ *ghràin*. “ Ach dhùibh-se air am bheil eagal m’ ainm-sa éiridh *gràin na fìreantachd* le slàinte ’n a sgiathaibh,” Mal. iv. 3.

ROMANAICH iii. 22—*Eadhon fìreantachd Dhé, tre chreidhimh Iosa Criosd, do na h-uile, agus air na h-uile a chreideas; oir cha n-’eil eadar-dhealachadh ànn.*

Tha fìreantachd Dhé air am beil an Lagh agus na Fàidhean a’ toirt fianuis agus trid am beil duine air fhìrinneachadh, a-nis air a foillseachadh anns an t-

Soisgeul, ach cha n-'eil ì air a meas do neach air-bith an-lòrg oibre sam-bith a rinneadh leis-féin, mar ùmhlachd do 'n lagh, agus gabhar rithe, mar thuirt an t-Abstol anns an t-seachdamh rànn deug de 'n cheud Chaibdeil de na Ròmanaich, tre chreidimh a-mhàin. Cha chreidimh an fhìreantachd so, ann an tomhas air-bith, ach is ànn tre chreidimh a ta ì air a gabhail agus air a deanamh éifeachdachd a chum slàinte do na peacaich. Is è creidimh creidsinn anns an fhianuis a thug Dia, a-thaobh na fìreantachd so agus earbsadh a chur ann an Dia neach is è ùghdair na fìreantachd so. Tuigidh agus aidichidh creidimh an t-òirdheirceas agus an fhreagarrachd a ta ann am fìreantachd Dhé agus gabhaidh è rithe le aoibhneas. “Is è creidimh brìgh nan nithe ris am bheil dòchas, dearbh-chinntean nan nithe nach faicear;” oir ged nach 'eil sinne fathast a sealbhachadh nan nithe a ghealladh dhùinn le Dia, agus ged nach 'eil sinn 'g am faicinn fathast air an coimhlionadh annainn-féin, chì sinn iad air an coimhlionadh ann an Iosa Crìosd an Tì anns am bheil, do-rìreadh, an nì ris am bheil dòchas againn. A-thaobh nan geallaidhean sin nach 'eil fathast air an coimhlionadh, tha creidmheach an-diugh ann an suidheachadh ionann ris an t-suidheachadh anns an robh na h-aithrichean o shean, a-thaobh nan geallaidhean a bha ri 'n coimhlionadh 'n an là-san, cosmhuil riutha-san tha na creidmheach a' faicinn nan geallaidhean sin fada uatha, tha iad dearbht' asda agus a' gabhail riutha. Tha creidmheach mar-so, a' teicheadh a dh'-ionnsuidh Chrìosd agus fhìreantachd-san, mar an Dìdean a ta air a chur rompa anns an t-Soisgeul. Tre chreidimh tha iad a' gabhail ris, mar an urras agus a' cur an earbsaidh ann-san mar an Tì a ta 'g an riochdachadh no 'seasamh

'n an àit air a' Chrann-chéusaidh, 'n a bhàs agus 'n a aiseirigh.

Mu 'n urrainn sinne còir fhaotainn air nì sam-bith ann an Crìosd, féumaidh sinn a bhi air ar *n-aonadh* ris, féumaidh sinn a bhi air ar ceangal ris-san mar ar ceann, air dhùinn a bhi màrbh do 'n lagh agus pòsda ris-san, agus o'n is ànn tre chreidimh a-mhàin a choimh-lionar an t-aonadh so, air dhuinne gabhail ri fìreantachd Chrìosd agus air dhì bhi air a buileachadh òirnn, mar so, gairmear dhì an fhìreantachd a ta tre *chreidimh Iosa Crìosd*, Rom. iii. 22; *fìreantachd a' chreidimh*, Rom. iv. 11, 13; *agus an fhìreantachd a tha tre chreidimh Chrìosd, an fhìreantachd a tha o Dhia tre creidimh*, Phil. iii. 9. Theirear fìreantachd a' chreidimh rithe, do-bhrìgh gur è creidimh a-mhàin am meadhon a ta Dia 'faicinn iomchuidh a ghnàthachadh ann am buileachadh 'fhìreantachd féin. Cha n-abrar fìreantachd gràis air-bith eile rithe, ach fìreantachd creidimh; cha do léugh sinn riamh mu fhìreantachd aithreachais no mu fhìreantachd irioslachd, macantais no gràidh. Tha ìad sin uile fìor luachmhor ann an sealladh Dhé, ach cha n-'eil cuid air-bith aca ann am fìrinneachadh a' chiontaich. Buinidh so do chreidimh a-mhàin; cha n-ann do 'n neach a dh'-oibriceas ach do 'n neach a chreideas, a mheasar fìreantachd; agus is è creidimh tiodhlae Dhé.

Tha 'n fhìreantachd so do na *h-uile*, tha so a' ciallachadh gu'm beil ì air a cur fa chomhair nan uile, agus air a foillseachadh do na h-uile. *Air na h-uile*, buinidh na focail so do na briathran a leanas eadhon ìadsan a chreideas. Am feadh a ta ì air a foillseachadh do na h-uile, tha ì gu-cìnnteach *air* na creidmhigh. Cha n-'eil ì air a cur annta, mar a ta an naomhachadh air a h-oibreachadh anns an anam leis an Spiorad Naomh. Is ann

a tha ì air a cur ùmpa mar thrusgan ! “ Chòmhdach è mì le trusgan na fireantachd ;” Isa. lxi. 10. Is ì an t-éudach geal a ta Iosa Criosd a’ toirt dhòibh-san a dh’-éisdeas ri ’ghuth, chum gu’n còmhdachear iad, agus nach bi nàir an lomnochd follaiseach, Taisb. iii. 18. Is ì an lìon-éudach grinn, glan, agus dealrach leis am bheil bean-bàinns’ an UAIN air a sgeadachadh ; oir is è an lìon-éudach grinn fireantachd nan naomh ; Taisb. xix. 8. Mar-so tha Iosa Criosd air a dheanamh le Dia ’n a fhìreantachd d’ a phobull ; 1 Cor. i. 30.

FIREANTACHD.—Tha am focal so gun teagamh, a’ ciallachadh ars’ t-Ard Easbuig Leighton ’n a shearmoin air 1 Cor. i. 30. an *fhìreantachd* leis am bheil sinn air ar fìrinneachadh an làthair Dhia ; agus *tha è air a dheanamh ’n a fhìreantachd dhuinne tre chreidimh*. Air do ’n mhalairt so ’bhi deante, tha ar peacaidhean-ne air an leagail a-nùll air-san, agus tha ’ùmhlachd-san air a cur a-nàll òirnne. Is è so sgéul a’ mhòr aobhneis, sinne ’bhi air ar deanamh fìrinneach le Criosd. Cha d’ oibrichadh an fhìreantachd so leinne, ’s ann a thugadh dhùinn ì, agus ’s ann a chaidh a càramh òirnn. So cùis nach urrainn réusan feòlmhor a thuigsinn, oir tha è mòr-chuisseach às féin, uime sin diùltaidh è ì, agus réusanaichidh è an-aghaidh na fìreantachd so, agus their è, *cionnas is urrainn so a bhi?* Ach gabhaidh creidimh rithe gu-dlù, teann agus nì è gairdeachas ìnte, agus gun phian air-bith fhulang, tha ’n ciontach air a chur fo sgaoil, agus air ’fhìrinneachadh agus a’ seasamh cho neo-chiontach a-thaobh a’ Bhrisidh, seadh cho neo-chiontach agus ged bhitheadh è air cumail an lagha gu-h-iomlan. Agus is sona dhòibh-san a ta mar-so a’ deanamh greim air an fhìreantachd so ; faodaidh iad an gnùis a thogail suas le aòibhneas agus dànachd an làthair Dhia. Ach so nì nach urrainn fear-na-féin-

fhìreantachd a dheanamh, air cho dìchiollach 'us do'm bi è chum è-féin fhìrinneachadh ; faodaidh è an-dràsta, boillsgeadh taitneach, brosgullach, a dheanamh 'n a shùilibh féin, agus ann am measg dhaoin' eile, gidh-eadh an uair a thig è gu bhi air a cheasnachadh le Dia, agus gu bhi air a dhearbhadh 'us air 'fheuchainn a-réir lagh' Dhia, còmhdaichear an-sin è le nàir, agus cuirear gu h-amhluidh è air-son 'amaideachd agus a chionta. Ach buadhaichidh creidimh thairis air féin-neo-airidh-eachd, air peacadh, air bàs, agus air an lagh ; a' dionadh an anama, fo fhalluinn Iosa Criosd, agus an sin bithidh è sàbhailt. Tuitidh an sin gach cùis-dhìtidh sìos gu làr, oir cha n'èil cùis air-bith ann air an gabh greim deanamh, cha n-urrainnear gaoid air-bith fhaotainn anns an fhìreantachd sin 's an d' rinn creidimh e-féin a phasgadh suas. Air chìnnte 's è so tobar na sìochainte daingean, a ta 'lionadh an anama le sìth, agus aoibhneas. Ach fathast, is àill le daoineibh rud-eigin a bhi aca annta féin, a dheanamh nach a' ghnòthaich, mur gu'm bitheadh féum aig an trusgan so air an cuid clùdan agus air an luideagan-san, agus a-chionn nach gabh na tha iad ag àrraidh faotainn annta féin, éiridh o sin luasgan agus buaireas inntinn. Gu-dearbh is è creidimh a ghlanas an cridhe, agus a dh'-oibricheas naomhachd agus a ta gach gràs eile, a' sruthadh uaithe. Ach anns an obair so, eadhon obair fìrinneachaidh a' pheacaich, tha è 'g oibreachadh, n' a aonar, agus cha ghabh è measgachadh de nì sam-bith eile."

OIR CHA N-'EIL EADAR-DHEALACHADH ANN.—Tha 'n t-Abstol a' labhairt nam briathran so, a dhùnadh béul neach air-bith a dh'-fheudadh a smuaineachadh, nach 'eil gabhail ri fhìreantachd Dhé féumail no do sheachnaidh, chum slàinte gach *aoin de 'n chinne-daoine*, a' chur air aghaidh, agus a dhearbhadh nach 'eil mùth

no eadar-dhealachadh anns an dòigh, no air an rathad air am féumar gabhail ris an fhìreantachd so. A-chionn nach 'eil eadar-dhealachadh eadar na h-Iùdaich agus na Cinnich do-thaobh an nàduir, mar pheacaich, mar sin, cha n-'eil eadar-dhealachadh àn d' an taobh ann an rathad gabhail ri fìreantachd Dhé—cha n-'eil eadar-dhealachadh a-thaobh peacaidh no slàinte,—tha na h-uile dhaoine ciontach agus tha slàinte air a foillseachadh dhòibh uile tre chreidimh. “ Oir cha n-'eil eadar-dhealachadh eadar an t-Iùdhach agus an Gréugach ; oir an t-aon Tighearn a ta os-ceann nan uile, tha è saobhir do na h-uile a ghairmeas air,” Rom. x. 12. Mu'n gabh daoine ris an fhìreantachd so, tha iad uile fo mhallachd an lagha bhrìste, agus ann an staid dìtidh. Ciod air-bith eadar-dhealachadh a dh'-fhaodas a bhi eatorra air dòighibh eile, faodaidh iad a bhi 'n am bùill mhodhail, bhéusach 'n an giùlan, faodaidh iad a bhi 'n an daoine féumail, agus math ann an comunnabh an t-saoghail so, a' deanamh dhleasan an àite féin o'n leth mach gu-h-urramach agus gu-h-òrdail ; no bitheadh iad mì-mhodhail, mì-bhéusach 'n an caithe-beatha, air an toirt thairis gu-h-iomlan do gach olc, agus dubhaile, tha féum ac' uile, seadh aig gach aon diubh co-ionann, air an fhìreantachd so ; tha iad air a searmonachadh dhòibh uile. Mar so tha iad air a buileachadh orra-san uile a chreideas. Do-bhrìgh gu'n do *pheacaich na h-uile*,—gun dol seachad air aon neach, mar dhearbhan an t-Abstol dhuinn, tha gach neach “ fo 'n pheacadh.”

A' CHRIOCH.

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

... of the ...

